

Bha mise aon

Bha mise aon, 's cha tug mi smaoin,
Nuair (a) chaidh mi fhìn gu muir.
Dh'fhalbh mi leis na h-iasgairean,
Is dh'èigh an sgiobair rium:

Bidh sinn a-null 's a-nall,
Air ais 's air adhart
Thar tuinn a' Chuain Sgìth.
Adag bhlasta gu mo thì,
Ach guga cha ghabh mi.

Bha mise dhà, 's gun ghuth a ràdh,

Bha mise trì, is mi nam rìgh,

Bha mise ceithir, 's a' togail eathar,

Bha mise còig 's a' crathadh mo bhodhaig,

Bha mise sia, le deise bhrèagha,

Bha mise seachd, 's ag ithe breac,

Bha mise ochd, 's cur orm stoc,

Bha mise naoi 's a' sreap sa chraoibh,

Bha mise deich, 's ri trotan-eich,

*I was one and did not give a thought,
When I went to sea.*

*I went off with the fishermen,
And the captain cried to me:*

*We'll go this way that way,
Backwards and forwards
Across the waves of The Minch.
Tasty haddock for my tea,
But I won't eat guga.*

I was two, and without saying a word,

I was three, and I was a king,

I was four, and building a boat,

I was five and shaking my body,

I was six, with a lovely suit,

I was seven, and eating trout

I was eight, and putting on a scarf,

I was nine, and climbing in the tree,

I was ten, and trotting like a horse.

Bus Mòr

Bus mòr, mòr a' dol sìos an rathad,
Bus mòr, mòr a' dol sìos an rathad,
Bus mòr, mòr a' dol sìos an rathad,
Mise air a' bhus, mi fhìn agus Mamaidh.

A big, big bus going down the road X 3
I'm on the bus, myself and Mammy

Bus mòr, mòr is e falbh dhan bhaile,
Bus mòr, mòr is e falbh dhan bhaile,
Bus mòr, mòr is e falbh dhan bhaile,
Mise air a' bhus, mi fhìn agus Mamaidh.

A big, big bus going off into the town X3
I'm on the bus, myself and Mammy

Brum, brum, brum ars am bus mòr buidhe,
Brum, brum, brum ars am bus mòr buidhe,
Brum, brum, brum ars am bus mòr buidhe,
Leumaibh na mo bhroinn is thèid mi
dhan a' bhaile.

Vroom, vroom, vroom said the big yellow
bus X3

Thèid mi fhìn is Mamaidh agus ceannaichidh
sinn aran,

Mammy and myself will go and we will buy
bread

Ceannaichidh sinn brògan, stocainnean
is adan,

We will buy shoes, socks and hats

Isbeanan is ìm agus tì agus sgadan,

Sausages and butter and tea and herring

Nuair a bhios sinn sgìth thèid mi fhìn is
Mamaidh dhachaigh.

When we're tired, Mammy and myself will
go home

Brum, brum, brum aig a' bhus mhòr bhuidhe,
Brum, brum, brum aig a' bhus mhòr bhuidhe,
Brum, brum, brum aig a' bhus mhòr bhuidhe,
Tha sinn uile sgìth a' tilleadh às a' bhaile.

Vroom, vroom, vroom says the big yellow
bus X3

We are all tired returning from the town

Cuibhlichean a' Bhus

Tha cuibhlichean a' bhus a' dol car, car, car
Car, car, car, car, car, car.

*The wheels on the bus go round and round,
Round and round, round and round.*

Tha cuibhlichean a' bhus a' dol car, car, car,
Fad an latha.

*The wheels on the bus go round and round,
All day long.*

Tha an dùdan air a' bhus a' dol bip, bip, bip ...

The horn on the bus goes beep, beep, beep

Tha a' ghlag air a' bhus a' dol ding-a-ling-a-ling...

The bell on the bus goes ding a ling a ling

Tha na wipers air a' bhus a' dol suis, suis,
suis...

*The wipers on the bus go swish, swish,
swish*

Tha an doras air a' bhus a' dol a-mach 's
a-steach...

The door on the bus goes out and in

Tha na daoine air a' bhus a' dol suas is sìos...

The people on the bus go up and down

Tha na babies air a' bhus a' dol uah, uah, uah

The babies on the bus go wah, wah, wah

Tha na daddies air a' bhus a' dol sh, sh, sh

The daddies on the bus go sh, sh sh

Tha cuibhlichean a' bhus a' dol car, car, car,
Car, car, car, car, car, car.

*The wheels on the bus go round and
round....*

Dà Eun Bheag

Dà eun bheag

Nan suidhe air cruach-mhòna*

Fear air ainm Peadar

Agus fear air ainm Pòl

Mach à seo, a Pheadair

Agus mach à seo, a Phòil

Thig air ais, a Pheadair

Agus thig air ais, a Phòil

*Literal translation – peat stack

Two little dicky birds

Sitting on a wall

One named Peter

And one named Paul

Fly away, Peter

Fly away, Paul

Come back, Peter

Come back, Paul



Dànaidh beag an dràgon

Dànaidh beag an dràgon a' fuireach anns a' ghleann,

Brògan air a chasan agus ad air a cheann.

Dànaidh beag an dràgon a' fuireach anns a' ghleann,

Coilear snog mu amhaich agus geansaidh air a chom.

Dànaidh beag an dràgon bidh e dol gu mòine,
bidh e dol dhan bhaile agus bidh e dol dhan sgoil

Tha e math air cleasachd, tha e math air danns',

thig e dha na cròileagain a chluiche leis a' chloinn.

Dànaidh beag an dràgon a' gàireachdainn le spòrs,

a' roiligeadh air ùrlar 's a' dannsa air a' bhòrd.

Cluiche fad an là gus am fàs e sgìth,
thèid e dhan leabaidh agus gheibh e cupa tè.

Dànaidh beag an dràgon a' fuireach anns a' ghleann,

Brògan air a chasan agus ad air a cheann.

Dànaidh beag an dràgon a' fuireach anns a' ghleann,

Coilear snog mu amhaich agus geansaidh air a chom.

Little Danny dragon living in the glen,

Shoes on his feet and a hat on his head.

Little Danny dragon lives in the glen,

A nice collar round his neck and a jumper on his chest.

Little Danny dragon goes to the moss,

He goes to the town and he goes to the school.

He is good at playing and he's good at dancing,

He'll come to the playgroup to play with the children.

Little Danny dragon is laughing with fun,

Rolling on the floor and dancing on the table.

*Playing all day until he grows tired,
He'll go to bed and he'll take a cup of tea.*

Repeat verse 1



Dè Nì Sinn leis a' Bhèibidh Bhòidheach

Dè nì sinn leis a' bhèibidh
bhòidheach?

*What shall we do with the beautiful
baby? X3*

Dè nì sinn leis a' bhèibidh
bhòidheach?

Dè nì sinn leis a' bhèibidh
bhòidheach,

Tràth anns a' mhadainn?

Early in the morning

Buail, buail, buail do bhoisean.

Clap your hands X3

Buail, buail, buail do bhoisean.

Buail, buail, buail do bhoisean,

Tràth anns a' mhadainn

Early in the morning

Suas, suas, suas dhan adhar.

Up, up, up to the sky x3

Suas, suas, suas dhan adhar.

Suas, suas, suas dhan adhar,

Tràth anns a' mhadainn.

Early in the morning

Diogail, diogail, diogail do mhionach.

Tickle, tickle, tickle your tummy X3

Diogail, diogail, diogail do mhionach.

Diogail, diogail, diogail do mhionach,

Tràth anns a' mhadainn.

Early in the morning

Diog-deog, Diog-deog, Diog-deog

Diog-deog, diog-deog, diog-deog,

Ruith luchag bheag suas an cloc.

(Nuair a) Bhuail an cloc uair,

Leum an luchag a-nuas.

Diog-deog, diog-deog, diog deog.

Diog-deog, diog-deog, diog deog.

Tick-tock, tick-tock, tick-tock,

A little mouse ran up the clock.

(When) the clock struck one,

Mouse jumped down.

Tick-tock, tick-tock, tick-tock.

Tick-tock, tick-tock, tick-tock.



Flùraichean is Ròsan

Flùraichean is ròsan
A h-uile duine còmhla
A-tuisiu, a-tuisiu
A h-uile duine sìos

*Flowers and roses
Everyone together
A tishoo, a tishoo
Everyone down*

Tha sinne air an ùrlar
Tha h-uile duine còmhla
A-tuisiu, a-tuisiu
A h-uile duine suas

*We are on the floor
Everyone together
A tishoo, a tishoo
Everyone up*



Gnog air an doras

Gnog air an doras;

Knock on the door;

Buail an clag;

Hit/Ring the bell;

Thoir sùil tron uinneig;

Peep through the window;

Thig a-steach.

Come inside.

Cùm do theanga;

Keep quiet (hold your tongue);

Tog do chas;



Lift your foot;

Ciamar a tha sibh?

How are you?

Feasgar math.

Good afternoon.




Iomair am Bàta

Iomair, iomair, iomair am bàta,
socair sìos an sruth.
Tha sinn sona, sona, sona.
Tha sinn sona an-diugh.

*Row, row, row the boat,
Gently down the stream.
We are happy, happy, happy.
We are happy today.*

Iomair, iomair, iomair am bàta,
socair sìos an sruth.
'S ma chì sibh crogall mòr,
Cuimhnich gun dèan sibh fuaim.
Aaaaaaagh!

*Row, row, row the boat,
Gently down the stream.
If you see a big crocodile,
Remember to make a noise.
Aaaaaaaaagh!*



Madainn mhath, nach dùisg thu?

Madainn mhath, nach dùisg thu?

Madainn mhath, nach dùisg thu?

Oidhche mhath, nach caidil thu?

Oidhche mhath, nach caidil thu?

X (pòg) X X X

Chì mi thu a-màireach! X3

Translation

Good morning, won't you wake up? X2

Good night, won't you go to sleep? X2

Kiss, kiss, kiss, kiss

I'll see you tomorrow. (X3)



Meal do naidheachd

Meal do naidheachd an-diugh.
Meal do naidheachd an-diugh.
Meal do naidheachd an-diugh (name)
Meal do naidheachd an-diugh.

Happy birthday (congratulations) today



Mu Thimcheall, Mu Thimcheall

Mu thimcheall, mu thimcheall,
Teadaidh dol air iomrall.
Aon cheum, dà cheum,
Teadaidh dol gad dhiogladh. X2

*Around (and) around,
Teddy's going for a wander.
One step, two steps,
Teddy's going to tickle you. X2*



Poili, cuir an coire air

Poili, cuir an coire air.
Poili, cuir an coire air.
Poili, cuir an coire air,
'S gheibh sinn tì.

Sugi cuir e dheth a-nis.
Sugi cuir e dheth a-nis.
Sugi cuir e dheth a-nis,
'S theich iad uile rithist.

*Polly, put the kettle on X3
And we'll all have tea.*

*Sukey, take it off now X3
And they've all gone away
again.*



Priob-Priob Priob-Priob

Priob-priob, priob-priob, rionnag bheag,
Saoil a-nis cò thu no dè?
Àrd os cionn an t-saoghail gu lèir,
'S tu mar ghriogag anns an speur.
Priob-priob, priob-priob, rionnag bheag
Saoil a-nis cò thu no dè?

*Twinkle, twinkle little star,
I wonder who or what you are.
High above the whole world,
You're like a jewel in the sky.
Twinkle, twinkle little star,
I wonder who or what you are.*

Ròlaidh, Pòlaidh

Ròlaidh, pòlaidh, ròlaidh, pòlaidh

Suas, suas, suas, suas

Roly, poly, roly, poly

Up, up, up up

Ròlaidh, pòlaidh, ròlaidh, pòlaidh

Sìos, sìos, sìos, sìos

Roly, poly, roly, poly

Down, down, down, down

Ròlaidh, pòlaidh, ròlaidh, pòlaidh

A-mach, a-mach, a-mach, a-mach

Roly, poly, roly, poly

Out, out, out, out

Ròlaidh, pòlaidh, ròlaidh, pòlaidh

A-steach, a-steach, a-steach, a-steach

Roly, poly, roly, poly

In, in , in , in

Seas Suas

Seas suas dìreach, sìn suas àrd.

Seas suas dìreach, sìn suas àrd.

Seas suas dìreach, sìn suas àrd.

Crom sìos ìseal, sìos chun an làir.

Crom sìos ìseal, sìos chun an làir.

Crom sìos ìseal, sìos chun an làir.

Crom sìos ìseal, sìos chun an làir.

Seas suas dìreach, sìn suas àrd.

*Stand up straight, stretch up high/
tall X3*

Bend down low, down to the floor.

Bend down low, low to the floor X3

*Stand up straight, stretch up high/
tall*

Seo Mo Bhaga

Seo mo bhaga.

Seo mo bhaga.

Here's my bag. X2

Tha mi (a') falbh.

Tha mi (a') falbh.

I am leaving. X2

Chì mi sibh a-màireach.

Chì mi sibh a-màireach.

I'll see you tomorrow. X2

Beannachd leibh!

Beannachd leibh!

Goodbye! X2



Sum sum sum

Sum, sum, sum ars an rocaid,
Sum, sum, sum ars an rocaid,
Sum, sum, sum ars an rocaid,
Seallaibh mise falbh chun na gealaich.

Suas, suas, suas chaidh an rocaid,
Suas, suas, suas chun na gealaich,
Nuair a ràinig i shuas,
'S ann a thuit i a-nuas
'S bhuail i le brag air an talamh.

Sum, sum, sum ars an rocaid,
Sum, sum, sum ars an rocaid,
Sum, sum, sum ars an rocaid,
Cha tèid mise tuilleadh chun na gealaich.

*Zoom, zoom, zoom said the rocket
X3*

Look at me leaving for the moon

*Up, up, up went the rocket,
Up, up, up to the moon,
When it arrived up (there)
And it fell down*

*And it crashed with a bang on the
ground.*

Zoom, zoom, zoom said the rocket



T-ring, t-ring cò tha siud?

T-ring, t-ring cò tha siud?

T-ring, t-ring cò tha siud?

T-ring, t-ring cò tha siud?

Cò tha siud a' fònadh?

Ring, ring who is that? X3

Who is that phoning?

Hallò, hallò, cò tha siud?

Hallò, hallò, cò tha siud?

Hallò, hallò, cò tha siud?

Cò tha siud a' fònadh?

Hello, hello, who is that? X3

Who is that phoning?

Mòrag bheag aig ceann an rathaid,

Mòrag bheag aig ceann an rathaid,

Mòrag bheag aig ceann an rathaid,

Mòrag bheag a' fònadh.

*Little Morag at the end of the road
X3*

Little Morag is phoning.

Thigibh uile nall air chèilidh,


Thigibh uile nall air chèilidh,

Thigibh uile nall air chèilidh,

Mòrag bheag a' fònadh.

Everyone come over for a visit X3

Little Morag is phoning.



Taigh Beag le Similear Àrd

Taigh beag le similar àrd,
Fosgail an doras is chì thu an làr.

*A little house with a tall chimney,
Open the door and you will see the floor.*



Tha Dòmhnall mòr a-staigh

Tha Dòmhnall mòr a-staigh,
Tha Dòmhnall mòr a-staigh,
Hi-o-`s-ho-rin-o,
Tha Dòmhnall mòr a-staigh.

Big Donald is in (the circle) X3
Hi o `s ho rin o
Big Donald is in (the circle)

Tha Dòmhnall ag iarraidh bean,
Tha Dòmhnall ag iarraidh bean,
Hi-o-`s-ho-rin-o,
Tha Dòmhnall ag iarraidh bean.

Donald wants a wife...



Tha a' bhean ag iarraidh clann,
Tha a' bhean ag iarraidh clann,
Hi-o-`s-ho-rin-o,
Tha a' bhean ag iarraidh clann.

The wife wants children...

Tha a' chlann ag iarraidh nurs,
Tha a' chlann ag iarraidh nurs,
Hi-o-`s-ho-rin-o,
Tha a' chlann ag iarraidh nurs.

The children want a nurse...

Tha an nurs ag iarraidh cù,
Tha an nurs ag iarraidh cù,
Hi-o-`s-ho-rin-o,
Tha an nurs ag iarraidh cù.

The nurse wants a dog...

Tha an cù ag iarraidh cnàimh,
Tha an cù ag iarraidh cnàimh,
Hi-o-`s-ho-rin-o
Tha an cù ag iarraidh cnàimh.

The dog wants a bone...

Cha bhris sinn an cnàimh,
Cha bhris sinn an cnàimh,
Hi-o-`s-ho-rin-o,
Cha bhris sinn an cnàimh.

We won't break the bone...



Timcheall a' Ghàrraidh

**Timcheall a' ghàrraidh,
Chaidh am mathan mòr.
Aon cheum, dà cheum,
Diogladh gu leòr!**

*Round the garden,
Went the big bear.
One step, two steps,
Lots of tickles!*



Trèan ann an cabhaig

1 Trèan ann an cabhaig, ò tha!
Trèan ann an cabhaig, ò tha!
Trèan ann an cabhaig,
Trèan ann an cabhaig,
Trèan ann an cabhaig, ò tha!

2 Dol fon drochaid, ò tha!
Dol fon drochaid, ò tha!
Dol fon drochaid
Dol fon drochaid
Dol fon drochaid, ò tha!

3 Dìreadh suas na beanntan, ò tha!
Dìreadh suas na beanntan, ò tha!
Dìreadh suas na beanntan
Dìreadh suas na beanntan
Dìreadh suas na beanntan, ò tha!

4 Ruith sìos na beanntan, ò tha!
Ruith sìos na beanntan, ò tha!
Ruith sìos na beanntan
Ruith sìos na beanntan
Ruith sìos na beanntan, ò tha!

5 Tighinn dhan a' bhaile, ò tha!
Tighinn dhan a' bhaile, ò tha!
Tighinn dhan a' bhaile
Tighinn dhan a' bhaile
Tighinn dhan a' bhaile, ò tha!

6 Stad aig an stèisean, ò tha!
Stad aig an stèisean, ò tha!
Stad aig an stèisean
Stad aig an stèisean
Stad aig an stèisean, ò tha!

7 Bodach crathadh bratach, ò tha!
Bodach crathadh bratach, ò tha!
Bodach crathadh bratach
Bodach crathadh bratach
Bodach crathadh bratach, ò tha!

1. *Train in a hurry, oh yes*
2. *Going under the bridge, oh yes*
3. *Climbing up the mountains, oh yes*
4. *Running down the mountains, oh yes*
5. *Coming to the town, oh yes*
6. *Stopping at the station, oh yes*
7. *An old man is waving a flag, oh yes*